



## **A' Cruthachadh Susbaint Didseatach Gàidhlig airson an là am maireach Frèam airson trèanadh ann an raon riochdachaidh nam meadhanan Gàidhlig.**

### **Cùl-fhiosrachadh**


Sa Mhàrt 2008 bha pàipear conaltraidh air a chuirteachadh leis an tìotal a tha air a' phàipear seo san robh ceistean bunaiteach agus a bha a' moladh beachdan air fuasglaidhean a dh'fhaoidte a chleachdadh airson nam feuman trèanadh agus leasachaidh a bha fa chomhair earrann riochdachaidh telebhisean Gàidhlig.

- Dè na structaran no na h-iomairtean a bu chòir an stèidheachadh gus dèanamh cinnteach gum biodh dòigh-obrach ciallach agus èifeachdach air a chur air chois airson feumalachdan a' ghnìomhachais?
- Dè na structaran no na h-iomairtean a bu chòir an stèidheachadh gus dèanamh cinnteach gum biodh iomairtean a dheigheadh a dhealbhadh gus biathadh T-bh Gàidhlig cuideachd a' toirt seachad luach cultarail, coimhearsnachdail, cànanach agus buannachd mhaireannach eaconomach, agus dè na buidhnean a bu chòir uallach a ghabhail airson nan nithean sin?
- Dè cho iomchaidh 's a tha an solar a tha ann a cheana a thaobh trèanadh a tha air a mhaoinachadh le MG ALBA (Urras Trèanadh Telebhisein Gàidhlig agus cùrsaichean ad-hoc no taic greis-ghnìomhachais) airson nam feumalachdan ùra a tha aig telebhisean Gàidhlig (agus is dòcha rèidio)? Mur eil e iomchaidh, dè bu chòir a chur na àite agus cò a bu chòir a bhith nan com-pàirtichean sna modalan ùra ann an lìbhrigeadh trèanadh is leasachadh?
- Dè na tasgaidhean ro-innleachdail a bu chòir do MG ALBA a chur ri trèanadh is leasachadh gus coinneachadh ri feuman clàr-amhairc T-bh thar nan 3 no 5 bliadhna a tha romhainn?
- A bheil aonta ann don mholadh gur ann san raon leasachadh gnìomhachais a tha a' bheàrn as motha a thaobh sgilean is nach ann ann an raointean teicnigeach, ealain no cruthachail (ged a dh'fheumar gabhail ris gu faodadh gu bheil dìth mhòr sna raointean sin)?

### **Ro-innleachd MG ALBA**

An dèidh a' cho-chomhairleachaidh tha freagairt MG ALBA's air na ceistean sin mar a leanas.

- Airson na bliadhnaichean 2008/09 agus 2009/10 bu chòir gur e prìomh amas MG ALBA a bhith a' maoineachadh iomairtean trèanadh a tha a' toirt taic dhìrich do bhith ag ullachadh prògraman àrd-inbhe Gàidhlig airson clàr-amhairc T-bh ann an 2008/9, 2009/10 agus 2010/11.
- Bu chòir tasgadh MG ALBA a bhith air a mhaidsadh le maoineachaidh bho thùsan eile no le tasgadh on neach-tagraidh.
- Is iad an dà raon a tha feumach air tasgadh sònraichte: iadsan a tha air ùr thighinn dhan ghnìomhachas agus leasachadh leantainneach dreuchdail do luchd-phroifeasanta a tha cheana sa ghnìomhachas.
  - o A thaobh luchd-obrach ùr is an òigridh bidh tasgadh MG ALBA a' dol dìreach chun t-solaraidhe trèanadh (a' mhòr chuid dheth, ach cha bhi gu lèir, a' dol mar thaic-airgid dhìrich airson Urras Trèanadh Telebhisein Gàidhlig (GT3) co-dhiù airson na bliadhna seo); agus
  - o Airson proifeiseantaich bidh tasgadh MG ALBA sna prògraman trèanadh aig companaidhean riochdachaidh agus neo-cheangailtearan



Bidh tasgadh MG ALBA a thaobh trèanaidh ann an 2008/9 agus 2009/10 mar a leanas:

- Airson luchd-inntrigidh ùr sa ghnìomhachas:
  - o Urras Trèanadh Telebhisein Gàidhlig airson 2008/9 (£130k)
  - o Urras Trèanadh Telebhisein Gàidhlig airson 2009/10 gu bhith air ath-bhreithneachadh;
- Airson proifeiseantaich a tha cheana sa ghnìomhachas:
  - o Iomairtean Leasachadh Leantainneach Dreuchdail (CPD) ag amas air a bhith
    - a' toirt taic do chompanaidhean riochdachaidh a bhith a' toirt cothroman leasachaidh do luchd-obrach a tha an sàs ann, no am beachd a bhith an sàs, ann an riochdachaidhean telebhisein Gàidhlig (suas gu £100k gach bliadhna); agus
    - a' toirt taic do bhith a' leasachadh proifeiseantaich neo-cheangailte a tha an sàs ann, no am beachd a bhith an sàs, ann an riochdachaidhean telebhisein Gàidhlig (suas gu £30k gach bliadhna).
- Òigridh 12 – 18
  - o Bùithtean-obrach Dheugairean ag amas air susbaint didseatach a chruthachadh ann an Gàidhlig (£10k airson an dà bhliadhna 2008/9 agus 2009/10)
- Oileanaich is Òglaich
  - o Sgeama Bursaraidh Oileanach a leigeas le mu 10 oileanaich no òglaich tachartasan no colabhairtean mheadhanan a fhrithealadh gus am faigh iad eòlas air a bhith an sàs san lionra agus gus an ionnsaich iad bho na proifeiseantaich as àrda sa ghnìomhachas (£5k airson an dà bhliadhna 2008/9 agus 2009/10)
  - o Pròiseact Tachartasan Rèidio a bhios ag amas air a bhith a' togail suas sgiobaidhean ùra a bhios comasach air susbaint rèidio de dheagh ghnè a chruthachadh aig prìomh thachartasan airson rèidio coimhearsnachd no rèidio air-loidhne (£15k airson an dà bhliadhna 2008/9 agus 2009/10). Bhiodh sàr bheachdan is mholaidhean airidh air a bhith air an leasachadh no air maoin riochdachaidh



- Coimhearsnachdan
  - o Pròiseact aithriseach coimhearsnachd. Sianar nach eil a cheana an sàs ann an gnìomhachas nam meadhanan bho choimhearsnachdan Gàidhlig a' faighinn cothrom air Masterclass ann am prògraman aithriseach "fèin-dhèante" le taic riaghailteach bho neach-taic. Bhithe a' sùileachadh gun tigeadh susbaint riaghailteach air-loidhne à seo airson coimhearsnachdan mar Barraigh, Ìle, Earra-ghaidheal, Loch Abar, Tiriodh, Muile [no eileanan eile mar a bhios iomchaidh] (£15k airson an dà bhliadhna 2008/9 agus 2009/10)

Cuiridh MG ALBA air dòigh coinneamh de bhuidhnean aig a bheil ùidh sa chùis aig deireadh an Lùnastail gus beachdachadh air solar fheadhainn a tha ùr dhan ghnìomhachas a rèir feumalachdan an t-sianail ùir.

Nì am fòram seo measadh air:

- An solar a tha ann cheana tro Urras Trèanadh Telebhisein Gàidhlig.
- Modalan eile a dh'fhaoidte a chleachdadh a thaobh a bhith a' trèanadh dhaoine a tha ùr dhan ghnìomhachas.
- Modalan com-pàirteachaidh agus co-obrachadh nam meadhanan Gàidhlig ann an iomairtean eile leithid acadamaichean sgrion agus meadhanan na h-Alba.

Bidh am fòram ag amas air a bhith a' tighinn gu co-dhunaidhean soilleir mun ullachadh airson a bhith a' trèanadh dhaoine a tha ùr dhan ghnìomhachas a bhios iomchaidh airson feumalachdan an t-sianail ùir.

Airson tuilleadh fiosrachaidh cuir fios gu Dòmhnall Caimbeul, Àrd-oifigear, MG ALBA, air domhnall@gms.org.uk" domhnall@gms.org.uk no air 01851 705550.

MG ALBA

Rathad Shiphoint,  
Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais  
HS1 2SD

Seaforth Road,  
Stornoway, Isle of Lewis  
HS1 2SD

w: mgalba.com

